

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



19/10/2011

Please scroll down for English Version

Airson a sgaoileadh sa bhad

Bòrd na Gàidhlig a' cur air bhog iomairt fharsaing gus Foghlam tron Ghàidhlig adhartachadh

Tha Bòrd na Gàidhlig a' dol a chur prìomh iomairt air bhog san t-Samhain a' tighinn, gus foghlam is ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig adhartachadh airson rùn an dàrna Plana Nàiseanta na Gàidhlig a choinneachadh a thaobh dùblachadh anns an àireamh de chloinn a' clàradh ann am P1 de FTG bho 400 gu còrr agus 800.

Bidh neart na h-iomairt seo a' cuimseachadh air pàrantan fhiosrachadh mu bhuadhan dà-chànanaid is bhuannachdan Foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh an iomairt ag obrachadh aig ìre ionadail is nàiseanta, tro shanasachd phostairean is bhùird shanasan ann am prìomh bhailtean far a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaotainn agus tro phostairean agus na meadhanan ionadail anns na h-eileanan is sgìrean dùthchail.

Gus taic gnìomhach a sholarachadh do theaghlaichean a fhreagras ann an dòigh dheimhinneach don iomairt seo, bidh Bòrd na Gàidhlig ag obair còmhla ri Comunn nam Pàrant, a' bhuidheann taic phàrant nàiseanta, agus ùghdarrasan ionadail. Bidh iomairtean taic comhairleachaidh phàrant leithid tadhal dhachaighean, air am fastadh. Is e an amas dheireannach a leithid sin de sheirbheisean a sholarachadh anns gach sgìre le solar foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig, agus ann an coimhearsnachdan far a bheil fianais air ùidh às ùr ann am FTG.

Bidh sgioba taic tràth-bhliadhnaichean Bhòrd na Gàidhlig a' coileanadh dleastanas chudromach aig teis meadhan solarachaidh taic taobh ri taobh le Comunn nam Parant, buidhnean Gàidhlig maoinichte agus ùghdarrasan ionadail. Tha am Bòrd air Luchd-obrach Tràth-bhliadhnaichean a thrusadh ann an ceann a deas na h-Alba, ann an sgìre na Gàidhealtachd agus na h-Eileanan an Iar, agus a' coimhead ri feadhainn eile fhadthad ann an Earra-Ghàidheal agus Taobh an Ear na h-Alba. On dh'fhastaidh Bòrd na Gàidhlig an luchd-

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



obrach sin, tha adhartas cudromach air a dhèanamh a thaobh leasachadh air structaran taic agus tha buidhnean ùra air an stèidheachadh airson a' chiad uair, fhad 's a tha feadhainn eile air an ath-stèidheachadh ann an Glaschu, sa Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan an Iar.

Thuirteart Art MacCarraig, Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig: “Tha an iomairt seo na ceum chudromach a dh'ionnsaigh nam prìomh amasan san dreachd Plana Nàiseanta Gàidhlig a choileanadh, air a bheil am Bòrd gu làithreach a' co-chomhairleachadh fad' is farsaing. Tha amasan a' Phlana glòir-mhiannach agus tha modh-obrach ceum air cheum a dhìth airson an toirt gu buil. Tha bùird-sanasachd mar eisimpleir mar nì ùr do Bhòrd na Gàidhlig, agus a thuilleadh air a bhith ag adhartachadh na h-iomairt seo, bheir iad ìomhaigh tharraingeach don Ghàidhlig ann am mòran choimhearsnachdan. Ach tha e a cheart cho cudromach an teachdaireachd fhaighinn tarsainn ann an dòigh fhìor chuimsichte gu teaghlaichean fa leth ann an coimhearsnachdan dùthchail agus sgìrean bhailtean.”

Thuirteart am Ministear airson Ionnsachadh is Sgilean, an t-Oll. Alasdair Allan: “Tha pàirt chudromach aig a' Ghàidhlig ann an cultar na h-Alba agus tha 81 sa cheud den t-sluagh a' faireachdainn gu bheil e cudromach nach caill Alba a nòsan Gàidhlig. Tha mi a' cur fàilte mhòr air an adhartachadh le Bòrd na Gàidhlig a dh'ionnsaigh togail mothachaidh do na buannachdan nach beag a tha an lùib Foghlam Tron Ghàidhlig air feadh na dùthcha, a chuidicheas le bhith a' dèanamh cinnteach à beòthalachd is seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd, agus gar cuideachadh gus bunailteachadh is fàs a thoirt air an àireamh a' labhairt a' chànain.”

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu:

Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh is Cùisean Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.

Post-d: steven@gaidhlig.org.uk Fòn-làimhe: 07557 481 081

Notaichean airson luchd-deasachaidh:

Bidh an dreachd den Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17 ri fhaotainn airson ìos-lodadh air www.gaidhlig.org.uk agus ann an clò bho oifisean Bhòrd na Gàidhlig.

Cuirear fìor luach air beachdan sam bith a gheibhear a thaobh nam molaidhean san dreachd Plana, agus bhiodh Bòrd na Gàidhlig toilichte ur faicinn aig aon de na coinneamhan poblach a tha gu h-ìosal.

Na coinneamhan uile aig 19.30 - Bidh goireasan eadar-theangachaidh mar-aon ann dhaibhsan aig nach eil Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



- 01.11.2011 » *Barraigh, Sgoil Bhàgh a' Chaisteil*
- 02.11.2011 » *Beinn na Fadhlà, Sgoil Lìonacleit*
- 03.11.2011 » *Leòdhas, Talla Coimhearsnachd Sgìre Airidhantuim*
- 07.11.2011 » *Dùn Phris, Ionad Ghoireasan an Iar-Thuath, Slighe na Colaiste, Lìonchlùdain*
- 08.11.2011 » *Peairt, Talla-Ciùil Pheairt*
- 09.11.2011 » *Fìobha, Talla Rathais, Gleann Rathais*
- 10.11.2011 » *Obar Dheathain, Oilthigh Obar Dheathain – Ionad KCC, Talla Sheumais MhicAoidh*
- 14.11.2011 » *Inbhir Theòrsa, Caithness Horizons*
- 15.11.2011 » *Ulapul, Ceilidh Place*
- 16.11.2011 » *An Gearasdan, Taigh-Òsta Alexandra*
- 17.11.2011 » *Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, Talla Dhonaidh Chaimbeul, Sabhal Mòr Ostaig*
- 21.11.2011 » *Àird nam Murchain, Àrainn Shuaineirt*
- 22.11.2011 » *Stafainn, An t-Eilean Sgitheanach, Columba 1400*
- 23.11.2011 » *Inbhir Nis, Taigh-Òsta Waterside*

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



19/10/2011

For immediate use

Bòrd na Gàidhlig to launch extensive campaign to promote Gaelic Education

Bòrd na Gàidhlig is to launch a major campaign to promote Gaelic-medium education and learning this November in order to meet the aspiration in the new National Gaelic Language Plan of doubling the number of children enrolling in P1 GME from 400 to 800 plus.

The main thrust of the campaign will be to inform parents of the benefits of bilingualism and the advantages of Gaelic medium education. The campaign will work at both national and local level, through billboard and poster advertising in major cities where Gaelic-medium education is available and through posters and local media in rural and island areas.

To provide practical support to families which respond positively to this campaign Bòrd na Gàidhlig will work with the national parental support group, Comunn nan Pàrant, and local authorities. Parental advisory support initiatives, such as home visiting will be employed. The ultimate aim is to provide such services in all areas with Gaelic medium education provision and in communities in which new interest in GME is evident.

Bòrd na Gàidhlig's early years support team will play a pivotal role in providing support alongside Comunn nam Pàrant, Gaelic organisations and local authorities. The Bòrd has recruited Early Years Workers in the south of Scotland, Highland and Western Isles areas and is looking to recruit others in Argyll and the East Coast of Scotland. Since Bòrd na Gàidhlig recruited these workers significant progress has been made in developing support structures, and new groups have been established for the first time, while others have been reestablished, in Glasgow, Highland and the Western Isles.

Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Arthur Cormack said: "This campaign is an important step towards fulfilling the aims of the draft National Gaelic Language Plan on which the Bòrd is currently consulting widely. The Plan's aims are ambitious and a step change is needed in order to achieve them. Billboard advertising, for example, is a first for Bòrd na Gàidhlig and, as well as promoting this initiative, will give Gaelic an eye-catching profile in many

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



communities. Equally important, however, is to get the message across in a very targeted way to individual families in communities rural and urban.”

Minister for Learning and skills Dr Alasdair Allan said: “Gaelic has an important place in Scottish culture and 81 per cent of people feel it is important that Scotland does not lose its Gaelic language traditions. I very much welcome moves by Bòrd na Gàidhlig to raise awareness of the considerable benefits of Gaelic Medium Education across the country, which will help ensure a vibrant and sustainable future for the language, helping us to stabilise and grow the numbers who speak the language.”

For further information, please contact:

Steven MacIver, Communications and Corporate Affairs Officer at Bòrd na Gàidhlig.

E-Mail: steven@gaidhlig.org.uk Mobile: 07557 481 081

Note to editors:

The draft of the National Gaelic Language Plan 2012-17 will be made available for download on www.gaidhlig.org.uk, and also in print form from the Bòrd na Gàidhlig offices.

All opinions on the proposals within the draft Plan will be highly valued, and Bòrd na Gàidhlig would welcome seeing you at one of the public meetings listed below.

All meetings begin at 19.30 - Simultaneous translation facilities available for non-Gaelic speakers.

- 01.11.2011 » Barra, Castlebay School*
- 02.11.2011 » Benbecula, Liniclate School*
- 03.11.2011 » Isle of Lewis, Clan Macquarrie Community Centre, Borve*
- 07.11.2011 » Dumfries, North West Resource Centre, College Drive, Lincluden*
- 08.11.2011 » Perth, Perth Concert Hall*
- 09.11.2011 » Fife, Rothes Hall, Glenrothes*
- 10.11.2011 » Aberdeen, Aberdeen University – KCC Auditorium, James MacKay Hall*
- 14.11.2011 » Thurso, Caithness Horizons*
- 15.11.2011 » Ullapool, Ceilidh Place*
- 16.11.2011 » Fort William, Alexandra Hotel*

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



- 17.11.2011 » Sleat, Isle of Skye, Talla Dhonaidh Chaimbeul, Sabhal Mòr Ostaig*
- 21.11.2011 » Ardnamurchan, Sunart Centre*
- 22.11.2011 » Staffin, Isle of Skye, Columba 1400*
- 23.11.2011 » Inverness, Waterside Hotel*